

***Sea Generation (Kyle Rhea) Ltd***

ACHD AN DEALAIN 1989

RIAGHAILTEAN OBRAICHEAN DEALAIN (MEASADH BUAIDH AIR AN  
ÀRAINNEACHD) (ALBA) 2000

ACHD NA MARA (ALBA) 2010

RIAGHAILTEAN OBRAICHEAN NA MARA (MEASADH BUAIDH AIR AN  
ÀRAINNEACHD) 2007

Tha fios air a thoirt an seo gu bheil Sea Generation (Kyle Rhea) Earranta, clàraichte aig Faraday House, Sir William Siemens Square, Frimley, Camberley, Surrey, GU16 8QD (Àireamh clàraidh na companaidh: 05700475), air iarrtas a chur gu Ministearan na h-Alba airson cead Innealan Cumhachd-làin Chaol Reatha a thogail agus a chur an sàs eadar an t-Eilean Sgitheanach agus tir-mòr na h-Alba tuath air baile Chaol Reatha air an taobh siar agus Gleann Eilg air an taobh sear (taobh a-staigh crìche le ceàrnan aig 57.23504 -5.66358; 57.23500 -5.66099; 57.22953 -5.66102; agus 57.22952 -5.66361). Bhiodh comas suidhichte an stèisein chumhachd a thathar a' moladh aig 8 MW.

Faodar sgrùdadadh a dhèanamh an asgaidh air lethbhreac den iarrtas agus plana a' sealltainn an fhearainn d' am buin e, maille ri lethbhreac den Aithris Àrainneachd, anns a bheilear a' toirt sùil mhionaideach air molaidean na Companaidh agus a' dèanamh mion-sgrùdadadh air a' bhuaidh a bhiodh aca air an àrainneachd, rè uairean fosglaidh àbhaisteach oifisean aig:

Leabharlann Chaol Loch Aillse  
Prìomh Shràid  
Caol Loch Aillse  
An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse  
IV40 8AB  
Fòn 01599 534956

Faodar an Aithisg Àrainneachd a sgrùdadadh cuideachd aig Leabharlann Riaghaltas na h-Alba aig Cidhe Bhictoria, Dùn Èideann EH6 6QQ. Oifis Comhairle na Gàidhealtachd, Rathad Ghleann Urchadain, Inbhir Nis, Siòrrachd Inbhir Nis IV3 5NX. Leabharlann Coimhairsnachd Phort Righ, Viewfield Rd, Port Righ, An t-Eilean Sgitheanach IV51 9ET.

Gheibhear lethbhreacan den Aithris Àrainneachd bho Sea Generation (Kyle Rhea) Earranta, BBSP Spark 1, Dirac Crescent, Emerson's Green, Bristol BS16 7FR no [info@marineturbines.com](mailto:info@marineturbines.com) aig pris £200 lethbhreac cruidh agus £15 air CD. Gheibhear lethbhreacan de gheàrr-chunntas goirid neo-theicnigeach an asgaidh.

Bu chòir riochdachadh sam bith mun iarrtas a chur a-steach le post-dealain gu Riaghaltas na h-Alba, bogsa-puist Sgioba nan Obraichean Ceadachaidh, Marine Scotland, aig [kylrhea@scotland.gsi.gov.uk](mailto:kylrhea@scotland.gsi.gov.uk)

no

tron phost gu Riaghaltas na h-Alba, Marine Scotland, Marine Laboratory, PO Box 101, 375 Victoria Road, Obar Dheathain AB11 9DB, a' comharrachadh an iarrtais agus a' sònrrachadh adhbharan an riochdachaidh, ron cheann-latha **XX/XX/2013**.

Bu chòir ceann-latha a sgrìobhadh air na riochdachaidhean maille ri ainm (ann an litrichean mòra) agus seòladh post-dealain no seòladh puist na feadhainn a tha a' dèanamh an riochdachaidh, gus am faodar fios a chur air ais thuca.

Nuair a gheibhear beachdan tùsail bho chomhairlichean riaghailteach, bheir fiosan poballach eile comhairle air mar a thèid am fiosrachadh seo fhaicinn leis a' phoball, agus mar a thèid riochdachaidhean a dhèanamh gu Ministearan na h-Alba. Nuair a bhios iad a' beachdachadh air an tagradh, faodaidh Ministearan na h-Alba fiosrachadh a bharrachd iarraidh gu foirmeil gus an aithisg àrainneachd a leasachadh, agus thèid seo cuideachd a shanasachadh air an dòigh cheudna.

Far a bheil Ministearan na h-Alba a' roghnachadh sin a dhèanamh a rèir an ùghdarrais, faodaidh iad rannsachadh poballach a chur air bhonn cuideachd.

Aon uair 's gu bheil a h-uile beachd agus riochdachadh air a chur a-steach, dearbhaidh Ministearan na h-Alba an t-iarrtas ann an aon de thrì dòighean:

- Aontaichidh iad ris an tagradh mar a tha e;
- Aontaichidh iad ris an tagradh le no gun chumhachan na chois; no
- Diùltaidh iad an tagradh.